

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total
Marks

--	--

X229/201

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

FRIDAY, 30 MAY
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn A: Èisteachd
(Ceistean)

Do not open this Question Paper until told to do so.

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

Tha 30 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agaibh aig an toiseach airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ris na h-earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut.

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson earrann A.

Cluinnidh tu earrann A dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Leugh na ceistean airson earrann B.

Cluinnidh tu earrann B dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 30 mionaid

Comharraidhean

CEISTEAN

Earrann A

1. Dè am prìomh amas a tha aig a' phàipear?

Airgead a thogail

A' Ghàidhlig adhartachadh

Seirbheis mhath a thoirt do na daoine.

1

2. Dè na trì nithean sònraichte a tha air an ainmeachadh air bratach a' phàipeir?

3

3. Dè an aimhreit fearainn a bha a' tachairt air Ghàidhealtachd anns an naoidheamh linn deug?

2

4. (a) Dè na coimhearsnachdan sònraichte dom bheil am pàipear a' toirt taic?

2

- (b) Ainmich **dà** eilean anns a bheil sin air tachairt.

2

5. Dè bhios a' faighinn taic phoilitigeach bhon pàipear?

1

6. Dè tha air innse mun Ghàidhlig a bhios air fhoillseachadh anns a' phàipear?

2

7. Chuidich am pàipear daoine a bha a' seasamh airson ceartas. Cò na daoine a bha sin?

2

8. Dè tha a' sealltainn gun do shoirbhich le na daoine sin?

1

(16)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

Comharraidhean

Earrann B

1. Dè tha sònraichte mun phàipear 'An Gàidheal Ùr'?

2

2. Càite a bheil am pàipear air a chur ri chèile?

1

3. Dè cho tric 's gheibhear am pàipear seo?

1

4. A thuilleadh air am broinn a' phàipeir bhig, càite eile am faighear 'An Gàidheal Ùr'?

2

5. Carson nach do mhair pàipearan-naidheachd Gàidhlig ron seo?

2

6. Dè as coireach gu bheil 'An Gàidheal Ùr' a' mairsinn?

2

7. Ainmich dà dhòigh anns a bheil am pàipear air a dhèanamh tarraingeach don òigridh.

2

8. Dè bu chòir do dhaoine nach fhaca am pàipear seo a dhèanamh?

2
(14)
[30]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i) B(ii)	Leughadh / 30
	Sgrìobhadh / 30
Total	90

X229/202

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

FRIDAY, 30 MAY
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



Roinn A

Earrann A should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh.

EARRANN A

Chaidh Pàipear Beag an Eilean Sgitheanaich a stèidheachadh ann an 1972. Tha e an dèidh a bhith air fhoillseachadh gach Diardaoin bhon uair sin agus tha coltas air gum mair e airson iomadh bliadhna fhathast.

'S e prìomh amas a' phàipear deagh sheirbheis a thoirt do mhuinntir taobh siar na Gàidhealtachd agus do mhuinntir nan eilean. Gu sònraichte, tha am pàipear ag ainmeachadh gu bheil e a' toirt taic do thrì nithean: '*an tìr, an cànan 's na daoine*'. Tha am prìomhachas sin air a sgrìobhadh gu soilleir air bratach a' phàipeir. Tha an abairt seo a' ceangal ris an naoidheamh linn deug nuair a bha aimhreit a' gabhail àite gus fearann air Ghàidhealtachd a thoirt bho na h-uachdarain agus na còirichean a bhith aig na croitearan fhèin.

Ann an cùisean co-cheangailte ris an **tìr**, tha am pàipear a' toirt taic làidir do choimhearsnachdan a tha airson am fearann aca fhèin a cheannach. Tha seo air a bhith a' tachairt gu sònraichte anns na Hearadh, ann an Leòdhas agus ann an Uibhist anns na còig bliadhna mu dheireadh.

A thaobh leasachadh **cànain**, tha am Pàipear Beag air a bhith trang a' cuideachadh le brosnachadh na Gàidhlig. A thuilleadh air taic phoilitigeach a thoirt dhan chànan, tha am pàipear a' foillseachadh barrachd sgrìobhadh Gàidhlig na pàipear-naidheachd ionadail sam bith eile.

Ann a bhith a' toirt taic do na **daoine**, tha làmh cuideachd air a bhith aig a' phàipear ann an gnothaichean cudromach far a bheil daoine a' strì airson ceartas. Thachair sin, mar eisimpleir nuair a bha daoine a' seasamh an aghaidh cìsean àrd air Drochaid an Eilein Sgitheanaich o chionn grunn bhliadhnaichean air ais. Chaidh na cìsean a thoirt far na drochaide aig deireadh cùise.

[CRÌOCH EARRANN A]

After the second reading of Earrann A, wait for 5 minutes, and then read Earrann B.

Earrann B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN B

Tha am pàipear-naidheachd ‘An Gàidheal Ùr’ sònraichte a chionn gur e an aon phàipear gu tur ann an Gàidhlig a tha air fhoillseachadh ann an Alba. Tha e air a chur ri chèile ann an Steòrnabhagh agus tha e air a sgaoileadh a h-uile mìos. Ach, chan fhaighear e ri cheannach anns na bùthan idir. Tha e air a sgaoileadh an asgaidh am broinn Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich agus tha e cuideachd air a sgaoileadh air leth ann an iomadh àite air feadh Alba far a bheil iarraidh air.

Chaidh iomadh oidhirp a dhèanamh thairis air na bliadhnaichean gu pàipear-naidheachd Gàidhlig a chumail a’ dol. Ach, ged a mhair iad uile greiseag cha do shoirbhich leotha a chionn nach robh e comasach gu leòr dhiubh a reic airson na cosgaisean a phàigheadh.

Tha e comasach ‘An Gàidheal Ùr’ a thoirt seachad an-asgaidh a chionn gu bheil taic airgid sònraichte air fhaighinn bho bhuidhnean Gàidhlig airson a chur an clò. Mar sin, chan eil e an urra ris an àireamh de gach iris a thèid a reic airson cumail a’ dol.

Tha iomadh sgeulachd inntinneach anns a’ phàipear seo gach mìos bho naidheachdan ionadail gu naidheachdan eadar-nàiseanta. Tha oidhirp mhòr air a dhèanamh gus am pàipear a dhèanamh tarraingeach don òigridh. Tha duilleagan sònraichte air an cur air leth dhaibhsan. Tha farpaisean agus dealbhan brèagha air na duilleagan sin agus tha òigridh air am brosnachadh gu bhith a’ sgrìobhadh airson a’ phàipeir.

Tha mi an dòchas gum faca sibh uile ‘An Gàidheal Ùr’. Mur faca, bu chòir dhuibh iris dheth a leughadh cho luath ’s as urrainn dhuibh.

[CRÌOCH NAN EARRANN B]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

X229/203

Total
Marks

--	--

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

FRIDAY, 30 MAY
1.50 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Do not open this Question Paper until told to do so.

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

Tha 60 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Earrann B(i) Leughadh

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu na beàrnan uile.)

Faodaidh tu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Earrann B(ii) Sgrìobhadh

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



EARRANN

*Pàrantan is Teicneòlas**le Eilidh*

Gach bliadhna bidh mi fhèin a' feuchainn ri tiodhlacan Nollaige a thaghadh a bhios inntinneach, tarraingeach agus feumail don neach a bhios gam faighinn. Cha robh mi riamh den bheachd gur e rud cumhachdach a bha anns na preasantan seo, ach tha mi a-nis air mo bheachd atharrachadh. Madainn na Nollaige an-uiridh, nuair a bha an teaghlach uile cruinn san t-seòmar-suidhe, thàinig m' athair a-steach le bogsa mòr a bha air a chòmhdach le pàipear dathach. Bha ceist oirnn uile dè bha na bhroinn agus cha b' urrainn dhuinn fuireach gus am faiceadh sinn cò bha dol dha fhaighinn. Gu h-iongantach, shìn m' athair am bogsa dathach gu mo mhàthair. Chuir seo iongnadh oirnn oir mar as trice feumaidh i fhèin an tiodhlac Nollaig aice bhom athair a cheannach. Cha b' urrainn dhuinn sgur ga coimhead fhad 's a thug i am pàipear brèagha dheth beag air bheag. 'S i bha air a dòigh nuair a chunnaic i gur e laptop a bh' ann. Ach, bhon t-sùil a thug mi fhèin agus mo bhràthair air a chèile, tuigidh sibh nach robh sinne idir cho toilichte.

Tha mi air a bhith den bheachd airson ùine mhòr a-nis nach eil pàrantan agus teicneòlas a' dol còmhla ri chèile idir. Tha sin gu h-àraidh fìor mu dheidhinn coimpiutairean. Chaidh seo a dhearbhadh gu soilleir dhomh le suidheachadh mo mhàthar. Chan eil mionaid fois air a bhith agam fhèin 's aig mo bhràthair le na trioblaidean a tha air a bhith aice bho fhuair i an laptop. Chan eil latha nach cluinn sinn gu bheil an laptop "briste" no nach "dèan e an rud a tha mi ag iarraidh air". Nach tric a chuala sinn, "Chan eil mi cinnteach dè rinn mi ceàrr, ach . . ."

Tha mise a' smaoinichadh gum feum sinn dòigh fhaighinn air dèiligeadh ris an t-suidheachadh seo mu dheidhinn pàrantan. Tha mi den bheachd gum bu chòir deuchainn shònraichte a bhith aig pàrantan a dhearbhas gur urrainn dhaibh coimpiutair a chleachdadh mum faigh iad fear. Feumaidh iad sin a dhèanamh an-dràsta mum faigh iad cead càr a dhraibheadh! A chionn nach fhaod iad a bhith air cùl cuibhle gun chead agus a chionn gu bheil coimpiutairean mòran nas duilghe dhaibh na càr a dhraibheadh, nach biodh sin ciallach? 'S dòcha nach eil an aon chunnart co-cheangailte ri bhith a' cleachdadh coimpiutair, ach cha bu chòir dhaibh smachd fhaighinn air inneal nach eil iad a' tuigsinn agus air nach eil ceannsachadh sam bith aca.

Chan eil fhios agam dè am freagairt as fheàrr don chùis ach tha mi dol a dh'fhuireach anns an oifis seo leis am fòn agam dheth airson a' chòrr den latha gus am faigh mi beagan fois!

CEISTEAN

1. Dè bhios Eilidh a' feuchainn ri cheannach?

3

2. Tha i air a beachd atharrachadh mu aon rud. Dè tha sin?

2

3. Cuin a thàinig an athair a-steach air madainn na Nollaige?

2

4. Dè bha aig an athair?

2

5. Dè an **dà** cheist a bha orra uile?

2

6. (a) Cò fhuair am bogsa?

1

(b) Carson a chuir sin iongnadh orra?

2

7. Dè bu choireach gun robh am màthair toilichte?

1

[Tionndaidh an duilleag

8. Carson a thug an t-ùghdar agus a bràthair sùil air a chèile?

1

9. Dè an dà rud nach eil a' dol còmhla ri chèile a rèir Eilidh?

2

10. Carson nach eil an t-ùghdar agus a bràthair a' faighinn fois a-nis?

2

11. Dè bu chòir a bhith aig pàrantan?

3

12. Dè an deuchainn a dh'fheumas iad a dhèanamh an-dràsta?

1

13. Dè nach bu chòir do phàrantan fhaighinn?

3

14. Dè tha Eilidh dol a dhèanamh airson fois fhaighinn?

3

(30)

[CRÌOCH ROINN B(i)-LEUGHADH]

Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Ùine: 60 mionaid (moladh)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

- | | | |
|----|--|------|
| 1. | Latha mòr anns an sgìre agam. | (30) |
| 2. | Mo sheanair <u>NO</u> mo sheanmhair. | (30) |
| 3. | Còmhradh ri cuideigin ainmeil. | (30) |
| 4. | B' fheàrr leam gum faighinn cothrom . . . | (30) |
| 5. | Chan eil sgoiltean a' dèanamh gu leòr airson sgoilearan a chumail fallain. | (30) |
| 6. | Taibhse. | (30) |
| 7. | An cosnadh a bu toil leam fhaighinn. | (30) |
| 8. | A' chiad turas . . . | (30) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

ACKNOWLEDGEMENTS

Reading Text—Extract is taken from *An Imeachd* by Iain Moireach. Published by Gath Publishing. Permission is being sought from Gath Publishing.

[DUILLEAG BHÀN]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i)	Leughadh / 30
B(ii)	Sgrìobhadh / 30
Total	90